

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## An Giuthas Bunya

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,036. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 732 corresponds to Litir 1,036.*

Tha an Giuthas Bunya gu math cunnartach do mhac an duine. Giuthas Bunya? Nach e craobh a tha sin? Uill, 's e, agus tha e gu cinnteach cunnartach. Ach chan ann air sgàth 's gu bheil e puinnseanta.

Tha a' chraobh – am *Bunya Pine* – a' fàs ann an Tìr na Banrigh ann an Astràilia. Bha mi ann a sin o chionn ghoirid – anns a' phrìomh bhaile, Brisbane. Thachair mi ri buidheann de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann. Mo bheannachd aca airson a bhith ag ionnsachadh ar cànan.

Tha an Giuthas Bunya gu math mòr. Bidh e a' ruigsinn caogad meatair ann an àirde. Tha na duilleagan rìghinn agus biorach. Tha na cnothan a bhios a' nochdadh oirre blasta agus beathachail. Dh'fheuch mi feadhainn a bh' air an ròstadh. Bha iad car coltach – ann am blas agus cruth – ri measgachadh de chnò-bhrasail agus buntàta.

Thuir mi aig toiseach gnothaich gu bheil a' chraobh cunnartach. Ciamar? Uill, bidh na cnothan a' nochdadh ann am measan – durcain – a tha cianail mòr is trom. Tha na durcain a' coimhead car coltach ri anann no *pineapple*. Nuair a bha mi a' coimhead air a' Ghàidhlig air *pineapple*, lorg mi *ubhal-giuthais* aig Dwelly. Saoil am fac' Eideard còir Giuthas Bunya? Tha 'ubhal-giuthais' a' dèanamh ciall dhomh, an dèidh dhomh an Giuthas Bunya fhaicinn.

Bidh na durcain suas ri deich cileagram ann an cuideam. Ma thuiteas fear caogad meatair à geug, dh'fhaodadh e cur às do dhuine le bhith a' sgàineadh a chinn. Agus bidh iad a' tuiteam gu h-obann, gun rabhadh. Chan aithne dhomh gun deach duine a mharbhadh le durcain Bunya, ach chaidh feadhainn a chur don ospadal.

Thathar a' smaoinneachadh gun robh dìneasaran ag ithe chnothan bunya oir tha a' chraobh **gu math math sean. Co-dhiù tha sin fìor gus nach eil**, bha agus tha na tùsanaich gu math measail orra. Bhiodh na fineachan a' tighinn cruinn còmhla aig amannan àraidh – a h-uile trì bliadhna – airson na cnothan Bunya a chruinneachadh agus ithe. B' iad na Beanntan Bunya an t-àite as cumanta 's a bhitheadh iad.

B' e sin àm airson gàirdeachas agus carthannas, nuair a bhiodh pòsaidhean agus ceanglaichean eadar fineachan air an cur air dòigh. Ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a dhà (1842), chaidh stad a chur air leagail nan craobh seo ann an sgèr ann an ceann an earra-dheas Tìr na Banrigh, a chionn 's gun robh iad cho prìseil.

An-diugh, bithear a' cumail fhèilltean ann an co-cheangal ris a' Ghiuthas Bhunya, far am bithear ag ithe biadh dùthchasach. Agus chan iad na tùsanaich a-mhàin a tha measail air cnothan Bunya. Tha feadhainn a-nise gan cur gu feum air muin *pizza* agus airson *pesto* a chruthachadh!

A bharrachd air cnothan Bunya a ghabhail, dh'ith mi biadh dùthchasach eile fhad 's a bha mi ann an Tìr na Banrigh. B' e sin nàdar de ghiomach air a bheil *Moreton Bay Bug*. Tha e nas blasta na ainm, ach chòrd a' chnò Bhunya rium na b' fheàrr – agus bha i an-asgaidh! Bha am *Bug* math gu leòr, ach 's fheàrr leam na muasgain-chaola againn fhìn.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Giuthas Bunya: *Bunya Pine*; gu cinnteach: *certainly*; Tìr na Banrigh: *Queensland*; rìghinn agus biorach: *tough and sharp*; durcan: *pine cone*; air muin: *on the top of*; an-asgaidh: *free of charge*.

**Abairtean na Litreach:** cunnartach do mhac an duine: *dangerous to people*; air sgàth 's gu bheil e puinnseanta: *because it is poisonous*; mo bheannachd aca airson a bhith ag ionnsachadh ar cànan: *my blessing on them for learning our language*; anns a' phrìomh bhaile: *in the capital city*; a' ruigsinn caogad meatair ann an àirde: *reaching fifty metres in height*; tha na cnothan blasta agus beathachail: *the nuts are tasty and nutritious*; dh'fheuch mi feadhainn a bh' air an ròstadh: *I tried some that were roasted*; measgachadh de chnò-bhrasail agus buntàta: *a mix of brazil nut and potato*; an dèidh dhomh X fhaicinn: *after I had seen X*; suas ri deich cileagram ann an cuideam: *up to ten kilograms in weight*; ma thuiteas fear caogad meatair à geug: *if one falls fifty metres from a branch*; dh'fhaodadh e cur às do dhuine le bhith a' sgàineadh a chinn: *it could kill a man by splitting his head*; bidh iad a' tuiteam gu h-obann, gun rabhadh: *they fall suddenly, without warning*; chan aithne dhomh gun deach duine a mharbhadh: *I don't know of anybody that was killed*; thathar a' smaoinichadh gun robh dìneasaran ag ithe X: *it's thought that dinosaurs were eating X*; tha na tùsanaich gu math measail orra: *the aborigines are very keen on them*; bhiodh na fineachan a' tighinn cruinn còmhla aig amannan àraidh: *the clans would come together at particular times*; chaidh stad a chur air leagail nan craobh: *cutting down the trees was prohibited*; bithear a' cumail fhèilltean: *festivals are held*; far am bithear ag ithe biadh dùthchasach: *where indigenous food is eaten*; nàdar de ghiomach air a bheil X: *a type of lobster called X*; 's fheàrr leam na muasgain-chaola againn fhìn: *I prefer our own prawns*.

**Puing-chànain na Litreach:** tha a' chraobh **gu math math sean**: *the tree is very very old*. One way of emphasising an adjective is to repeat it. We might say 'bha an cofaidh làidir làidir' (*the coffee was very strong*) or 'bha am famhair mòr mòr' (*the giant was enormous*). In the case of the adjectival qualifier *gu math* ('very'), it can be strengthened by repeating 'math'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Co-dhiù tha sin fìor gus nach eil: *whether that is true or not*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinichadh le MG ALBA